# Dàta agus anailis

| Teirmean | Eisimpleirean | Mìneachaidhean |
|---|---|---|
| **Anailis air dàta** | | Aithrisean a dhèanamh air seata dàta stèidhichte air eadar-mhìneachadh air na toraidhean. |
| **Cuibheas** | | Tha an cuibheas aithnichte mar an àireamh a tha àbhaisteach ann an seata de dh'àireamhan. Tha e air a chleachdadh cuideachd mar theirm eile airson am meadhan. |
| **Axis** |   | Loidhne-lorgaidh shuidhichte bho bheil làraichean, astaran no ceàrnan air an toirt. Gu h-àbhaisteach, tha axis x agus axis y air cliathan. |
| **Clàr cholbhan / Graf cholbhan** |   | Is e taisbeanadh grafaigeach de dhàta a th' ann an clàr-cholbhan (graf-cholbhan cuideachd), a' cleachdadh bhàraichean de dhiofar àirde. Gabhaidh iad an taisbeanadh còmhnard cuideachd. |

## Dàta agus anailis

| | | |
|---|---|---|
| |  | |
| **Fiaradh** | | Toradh 'mì-cheart' no 'neo-dhligheach', me. a' tional dàta mun mhòr-bhùth as fheàrr le muinntir na h-Alba, bhiodh e fiaraichte nan coileanadh tu an rannsachadh taobh a-muigh mòr-bhùth shònraichte oir dh'fhaodadh e am misneachadh gu a' mhòr-bhùth anns an robh iad, a thaghadh.<br><br>Mearachd air a fighe a-steach don t-siostam a tha a' dèanamh nan luachan uile ceàrr gu ìre shònraichte, me. an-còmhnaidh a' tomhas d' àirde fhèin 's a' cleachdadh bhrògan le buinn thiugha. |

<table>
<tr><td>Diagram Carroll</td><td>
<table>
<tr><td></td><td>Le comas sgiathadh</td><td>Gun chomas sgiathadh</td></tr>
<tr><td>Mamal</td><td>Ialtag</td><td>Ailbhean<br>Each</td></tr>
<tr><td>Eun</td><td>Calman<br>Iolaire</td><td>Ostraids<br>Ceann-fionn</td></tr>
</table>
</td><td>Clàr dà-shligheach air a chleachdadh airson seòrsachadh nithean a rèir fheartan.</td></tr>
<tr><td>Cunntas-sluaigh</td><td></td><td>Nuair a tha dàta air a thional do gach ball den bhuidheann.</td></tr>
<tr><td>Cinnt</td><td></td><td>A’ choltachd gun gabh tachartas àite le cinnt.</td></tr>
<tr><td>Cothrom</td><td>Eisimpleirean de chothrom<br><br>Tha 11 bàla sa bhogsa seo.<br>Is e cothrom 4/11 bàla dearg a tharraing.<br>Is e cothrom 4/11 bàla buidhe a tharraing.<br>Is e cothrom 1/11 bàla gorm a tharraing.<br>Is e cothrom 2/11 bàla orains a tharraing.<br><br>Dh’fhaodadh a thuairmseadh bho na cothroman obraichte a-mach gu bheil:<br>• Cothrom co-ionann bàla dearg no buidhe a tharraing<br>• Nas coltaiche bàla dearg no buidhe a tharraing.<br>• Nas lugha coltais bàla gorm a tharraing.</td><td>An àireamh de thursan a tha tachartas coltach tachairt ann an coimeas ris an àireamh de thursan a dh’fhaodadh e tachairt.<br><br>Mar eisimpleir;<br><br>Tha cothrom 1 ann an 6 air an àireamh 3 a thilgeil air dìsinn a tha air ainmeachadh 1-6.  Tha e coltach tachairt aon uair oir chan eil ach aon àireamh 3 air an dìsinn ach dh’fhaodadh e tachairt 6 tursan.</td></tr>
</table>

## Dàta agus anailis

| | | |
|---|---|---|
| **Builean** | | A' bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith aig co-dhùnadh ort fhèin agus air càch. Mar eisimpleir: a' leughadh leubailean bìdh nuair a thathar a' ceannach airson an teaghlaich – tha a' mhòr-chuid de na nithean bìdh ag ràdh gu bheil iad àrd ann an siùcar, geir agus calaraidhean. Ma dh'ithear am biadh seo gach oidhche, dh'fhaodadh gum bi lobhadh fhiaclan rè ùine, cur ort cuideam beag air bheag, na bhuil don teaghlach. |
| **Dàta leantainneach** | | Tha dàta leantainneach air a thomhas agus faodaidh e a bhith de luach sam bith taobh a-staigh raon, me. *fad duilleig.*<br><br>Tha an ùine a bheir e a' ruith rèis leantainneach oir tha brìgh ann an tomhasan uile. |
| **Dàta** | | Cruinneachadh de dh'fhìrinnean leithid àireamhan, facail, tomhasan, amharcan. |
| **Dàta air leth** | | Tha dàta air leth ga chunntadh agus chan urrainn dha ach luachan sònraichte a ghabhail – mar àireamhan slàn me. *an àireamh de chàraichean a' dol seachad air sgoil.*<br><br>Tha meud bròige na eisimpleir de dhàta air leth oir tha brìgh aig meud 6 agus 7 ach chan eil aig 6.2. |

# Dàta agus anailis

| | | |
|---|---|---|
| **Sgaoileadh** |  | Tha an sgaoileadh na iomradh air cumadh iomlan an dàta nuair a thèid a thaisbeanadh gu grafaigeach. |
| **Plotan dhotagan** |  | Taisbeanadh grafaigeach air dàta a' cleachdadh dhotagan. |
| **Co-dhùnaidhean** | | Aithrisean a dhèanamh mu sheata dàta stèidhichte air toraidhean. |
| **Tachartas** | | Toradh singilte deuchainne. |

# Dàta agus anailis

<table>
<tr><td>Clàr triceid</td><td>
<table>
<tr><th colspan="3">Àireamh chàraichean a' dol seachad air sgoil.</th></tr>
<tr><th>Dath</th><th>Comharran shràcan</th><th>Tricead</th></tr>
<tr><td>Dearg</td><td>𝍸 I</td><td>6</td></tr>
<tr><td>Airgead</td><td>𝍸 𝍸 II</td><td>12</td></tr>
<tr><td>Geal</td><td>𝍸 𝍸 𝍸 II</td><td>17</td></tr>
<tr><td>Uaine</td><td>IIII</td><td>4</td></tr>
<tr><td>Gorm</td><td>𝍸 IIII</td><td>9</td></tr>
<tr><td>Dubh</td><td>𝍸</td><td>5</td></tr>
<tr><td>Òr</td><td>I</td><td>1</td></tr>
</table>
</td><td>Clàr a thathar a' cleachdadh airson comharran shràcan a sgrìobhadh agus a' sealltainn tricead gach nì fa leth.</td></tr>
<tr><td>Dàta buidheannaichte</td><td>Mar eisimpleir: Dàta air a sheòrsachadh ann an clasaichean, me. 11-15, 16-20.</td><td>Tha dàta air a bhuidheannachadh còmhla ann an raointean.<br>Mar eisimpleir: Dàta air a sheòrsachadh ann an clasaichean, me. 11-15, 16-20.</td></tr>
<tr><td>Histogram</td><td>
</td><td>Taisbeanadh grafaigeach air dàta a' cleachdadh bhàraichean de dhiofar àrdan, tha e coltach ri clàr-colbhan ach tha histogram a' buidheannachadh àireamhan ann an raointean.</td></tr>
<tr><td>Leubaileadh</td><td></td><td>Na leubailean air riochdachadh grafaigeach a tha a' toirt tuilleadh fiosrachaidh seachad mun dàta.</td></tr>
</table>

| | | |
|---|---|---|
| | | me. nam biodhte a' tional dàta air meanbh-bhèistean ann an gàrradh na sgoile, bhiodh axis y air a leubaileadh 'àireamh de mheanbh-bhèistean' agus bhiodh axis x air a leubaileadh 'seòrsaichean de mheanbh-bhèistean'. |
| **Nach eil idir bitheanta / air as lugha meas** | | An àireamh no an nì as lugha triceid a nochdas ann an seata dàta. |
| **Coltachd** | | An cothrom gun gabh tachartas àite. |
| **Graf-loidhne** |  | Graf a tha a' nochdadh fiosrachaidh a tha co-cheangailte ann an dòigh air choreigin – leithid atharrachadh rè ùine. |
| **Dèanamh ro-innsean** | | Cleachdadh dàta a tha ri làimh gus innse mar a dh'fhaodas an t-àm ri teachd a bhith. |
| **Cuibheas** | | Tha an cuibheas mar an cuibheas ann an seata dàta – is e sin sùim nan àireamhan air an roinn leis an àireamh de dh'àireamhan a th' ann. |

| | | |
|---|---|---|
| | | Mar eisimpleir: anns an t-seata àireamhan 5, 5, 6, 7, 8, 12, 13, 15, 16 bhiodh an cuibheas (5+5+6+7+8+12+13+15+16) / 9 = 87/9 = 9.67 to 2 d.p. |
| **Meadhan** | | Is e am meadhan an luach meadhanach ann an liosta sheòrsaichte de dh'àireamhan.<br>Mar eisimpleir: anns an t-seata de dh'àireamhan 5, 5, 6, 7, 8, 12, 13, 15, 16 bhiodh 8 mar am meadhan. |
| **Fiosrachadh mì-cheart** | | Fiosrachadh a tha air atharrachadh tro thaisbeanadh no taghadh gus sealladh ceàrr a thoirt air an dàta a tha fìor. |
| **Mòd** | | Is e am mòd an àireamh as trice a nochdas ann an seata dàta.<br>Mar eisimpleir: Anns an t-seata àireamhan 5, 5, 6, 7, 8, 12, 13, 15, 16 bhiodh 5 mar am mòd. |
| **As bitheanta / as measaile** | | An àireamh no an nì as trice a nochdas ann an seata dàta. |
| **Clàr-dhealbhan** |  | Is e Clàr-dhealbhan dòigh air dàta a thaisbeanadh a' cleachdadh ìomhaighean. |

# Dàta agus anailis

| | | |
|---|---|---|
| **Clàr-cearcaill** |  | Clàr a tha a’ cleachdadh ‘slisean cearcaill’ gus meudan dàimheach dàta a thaisbeanadh. Faodaidh na h-earrannan den chearcall an clàradh ann an ceudadan, me. bha leth a’ chearcaill a’ riochdachadh 50% den dàta a chaidh a thional. |
| **Ro-innsean** | | Tomhas foghlamaichte air tachartasan san àm ri teachd stèidhichte air eòlas roimhe, me. ro-innse na sìde san Dùbhlachd. |
| **Coltachd** | | Cho coltach ’s a tha e gun tachair rudeigin – air obrachadh a-mach mar an àireamh de thursan a ghabh tachartas àite ann an da-rìribh, air a roinn leis an àireamh de thachartasan a tha coltach tachairt. Faodar a lìbhrigeadh mar bhloigh, bloigh deicheach no ceudad. |
| **Càileachdail** | | Fiosrachadh tuairisgeulach. |
| **Uimhireil** | | Fiosrachadh àireamhail. |
| **Ceisteachan** | | Seata de cheistean air an cleachdadh airson fiosrachadh a thional ann an suirbhidh. |
| **Raon** | | Is e an raon an àireamh as àirde ann an seata, thoir air falbh an àireamh as ìsle.<br>Mar eisimpleir: Anns an t-seata àireamhan 5, 5, 6, 7, 8, 12, 13, 15, 16 bhiodh an raon (as àirde – as ìsle) 16 - 5 = 11. |

## Dàta agus anailis

| | | |
|---|---|---|
| **Dàta amh** | | Is e dàta amh an dàta a thathar a' tional mar eisimpleir ann an suirbhidh. |
| **Fiosrachadh làidir** | | Tha fiosrachadh làidir air a thional agus air a thaisbeanadh ann an dòigh iomchaidh. |
| **Sampall** | | Taghadh air a thoirt à buidheann nas motha (an "àireamh-sluaigh") gus am faigh thu air a sgrùdadh airson rudeigin fhaighinn a-mach mun bhuidheann nas motha. |
| **Meud sampaill** | | An àireamh de phìosan fiosrachaidh air an tional bhon t-sampall gus an "àireamh-sluaigh" uile a riochdachadh.<br>me. chaidh suirbhidh a dhèanamh air 100 duine gus faighinn a-mach cia mheud uair a thìde a bha iad a' cur seachad air eacarsaich gach seachdain. (Is e 100 meud an t-sampaill). |
| **Sgèile** | | Na beàrnan a tha air an cleachdadh air riochdachadh grafaigeach de dhàta, me. sgèile a tha ag èirigh ann an aon-an no ann an deichean, is eile. |
| **Plotan gas is duilleig** | **Seata Dàta:**<br>11, 12, 13, 13, 14, 18, 23, 24, 27, 27, 31, 34, 36, 42<br>**Plota gas is duilleig:**<br>**Gas** \| **Duilleag**<br>1 \| 1 2 3 3 4 8<br>2 \| 3 4 7 7<br>3 \| 1 4 6<br>4 \| 2<br>**Iuchair: 1 \| 2 a' ciallachadh 12** | Clàr far a bheil gach luach dàta air a sgoltadh ann an "duilleag" (gu h-àbhaisteach am figear mu dheireadh) agus ann an "gas" (na figearan eile).<br>Mar eisimpleir, tha "32" air a sgoltadh ann an "3" (gas) agus "2" (duilleag).<br>Tha luachan "gas" air an liostadh sìos agus na luachan "duilleag" air an liostadh ri an taobh. |

## Dàta agus anailis

| | | |
|---|---|---|
| **Suirbhidh** | | Tional fiosrachaidh mu chuspair no mu chùis shònraichte airson adhbhar àraidh. Is urrainn don fhiosrachadh daoine a chuideachadh a' ruighinn cho-dhùnaidhean mu chuspairean ùidheil, me. na cinn-uidhe saor-làithean as measaile do theaghlaichean òga. |
| **Comharran shràcan** | | Riochdachadh lèirsinneach air an àireamh de thursan a tha nì a' nochdadh ann an seata. Tha iad sin air an cur ann am buidhnean de chòig.<br>Mar eisimpleir: tha \|\| a' riochdachadh 2 agus ~~\|\|\|\|~~ a' riochdachadh 5. |
| **Gluasadan** | | An dealbh iomlan air seata dàta rè ùine – me. tha an teòthachd ag èirigh thar ùine.<br>Mar eisimpleir: tha èirigh ann am prìsean thaighean san Rìoghachd Aonaichte air nochdadh thar ùine. |
| **Mì-chinnt** | | A' choltachd gur dòcha nach gabh tachartas àite. |
| **Fiosrachadh mì-shoilleir** | | Is e fiosrachadh a tha air a thaisbeanadh gun na tha de fhiosrachadh ri làimh a chleachdadh, a th' ann am fiosrachadh mì-shoilleir. |
| **Diagram Venn** |  | Diagram a tha a' taisbeanadh nan dàimhean loidsigeach a tha comasach eadar cruinneachadh de sheatan dàta.<br>Mar eisimpleir: Ceist iomchaidh:<br>Dè na h-iomadan coitcheann aig 3 agus 4? |